

An Comunn Gàidhealach



ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MÒD

Gearran 2014 / February 2014

Teachdaireachd bhon Cheann-suidhe

Tha an t-seann fhacal ag ràdh “Cha tig fuachd gun tig Earrach, le gaoith tuath ‘s le cruaidh-ghailleann” agus gu dearbh ged nach còrd fuachd is aimsir fhliuch na h-Alba rinn, thig misneachd is soilleireachd an cois a’ Mhàirt nuair a thig i, agus fios againn nach eil an samhradh glè fhad às. Tòisichidh ullachaidhean airson nam Mòdan Ionadail, tha Bliadhna Tilleadh Dhachaigh leis na tachartasan agus na taisbeanaidhean a tha na cois a’ tighinn beò dhuinn, tha àireamhan clàraidh nan Sgoiltean Gàidhlig a’ dol am meud, agus tha dùil mu dheireadh thall gum bi tramaichean Dhùn Èideann a’ ruith ron t-samhradh! Ged a bhios na naidheachdan thairis air na sia mìosan a leanas làn den bhòt chudromach air Alba san àm ri teachd, cha bhith e fada às dèidh sin gum bi Inbhir Nis a’ toirt aogheachd don chiad Mhòd Nàiseanta Rìoghail sa bhaile o chionn seachd bliadhna deug. Gu leòr an sin airson ar cumail air bhioran.

Bidh am Mòd na phrìomh phàirt de mhìos de thachartasan ris an canar Tilleadh Dhachaigh na Gàidhealtachd agus thathas an dòchas gu seall mìos an Dàmhair cho cudromach ‘s a tha cànan is cultar na Gàidhlig air Gàidhealtachd na h-Alba. Tha a’ Ghàidhealtachd ‘s na h-Eileanan airidh air aithne fhaighinn mar fhìor àite tarraingeach, agus a’ Ghàidhlig ‘s a dualchas ga taisbeanadh mar aon de na feartan as cudromaich a tha innte. Tha sinn a’ cuir fàilte air an naidheachd gun deach Eilean Leòdhais is na Hearadh ainmeachadh mar an t-eilean as tarraingiche am measg na 10 Eileanan san Roinn Eòrpa. Nach e na h-eileanaich a bhios moiteil!

Tha càileachd sònraichte de shàr-sheinneadairean is luchd-ciùil againn ann an saoghal na Gàidhlig agus bu chòir dhuinn dèanamh cinnteach gum faigh ar luchd-turais, gu sònraichte an fheadhainn a tha a’ tadhal air a’ Ghàidhealtachd ‘s na h-Eileanan, blasad den chàileachd sin fhad’s a tha iad a’ faighinn tlachd bho na seallaidhean breagha a tha rim faicinn. Nì sinne ar dìcheall cuideachd gus dèanamh cinnteach gum faigh luchd-tadhail air Inbhir Nis san Dàmhair seo fìor thlachd bho na diofar thachartasan Gàidhlig aig a’ Mhòd Nàiseanta Rìoghail.

Iain Macleòid, Ceann-suidhe.

Message from the President

The proverb says that “Cold comes not until Spring, North wind and tempest bring” and indeed while we may dislike the cold and wet Scottish weather, the arrival of March still brings with it optimism and a bright outlook knowing that summer is approaching. Local Mòd preparations begin, the Year of Homecoming with all its events and publicity becomes a reality, Gaelic School registration figures keep rising, and there is an expectation that the Edinburgh trams will be operational before the summer! Of course, the news over the next six months is going to be dominated by an important vote on Scotland’s future, and very soon after that Inverness will host its first Royal National Mòd for 17 years. Plenty to look forward to.

The Mòd will feature as a main event in a month of activities known as Highland Homecoming and it is hoped that the month of October will demonstrate the distinctive features of Gaelic language and culture in the Highlands of Scotland. The Highlands and Islands deserve to be highlighted as a top attraction with Gaelic language and culture being promoted as one of its prime assets. We welcome the news that the Island of Lewis and Harris has now been named as No. 1 of the Top 10 Islands of Europe. The islanders will be bursting with pride!

We have a wealth of quality singers and musicians in the Gaelic world and we should ensure that all our visitors, especially to the Highlands and Islands, experience the quality of our language and culture while they visit our beautiful scenic areas. We in turn aim to ensure that visitors to Inverness this October are well entertained by the various Gaelic events at this year’s Royal National Mòd.

John Macleod, President.



An Comunn Gàidhealach

ROBIN BANKS

Ged a bha fios aig mòran gu robh dìth slàinte air Robin Banks, bha bròn air feadh iomadh ceàrnaidh nuair a chualas gun do chaochail e gu h-obann air an dàrna latha den Ghearran.

Bha ceangal aig Robin ris an Òban fad a bheatha agus bha e moiteil às a' bhaile aige fhèin. An dèidh dha ceumnachadh ann an lagh o Oilthigh Dhùn Eideann thill e don Oban far an do chuir e seachad bliadhnanachan mòra an sàs anns a' chompanaidh a stèidhich athair.

Rinn Robin Banks seirbheis don choimhearsnachd ann an iomadh dòigh. Bha e air fear den fheadhainn a stèidhich Round Table an Òbain. Bha ùidh mhòr aige ann an dràma agus bha e ceangailte o thoiseach ri Buidheann Dràma Mheudarloch. Gu dearbha, an latha mun do shiubhail e bha e aig coinneamh dràma. Am-measg nam buidhnean dhan tug e taic bha Fèill-àiteachais Latharna, agus bha e leth-cheud bliadhna is còig a' cuideachadh leis a' charannas, Children 1st.

Aig aois nan trì fichead leig Robin Banks dheth a dhreuchd mar fhear-lagha. Ach ged a bha e air chluainidh, cha robh e 'na thàmh. Bha e còig bliadhna deug 'na Chomhairliche ann an Earra Ghàidheal agus fad sia bliadhna bha e 'na Iar-cheannard air Comhairle Earra Ghàidheal agus Bhòid.

Bha a' chuid mhòr eòlach air Robin Banks an co-cheangal ris an obair ionmholta a rinn e fad iomadach bliadhna don Chomunn Ghàidhealach. Bha e na Cheann-suidhe air Comunn Gàidhealach an Òbain agus bha e 'na Fhear-gairm air a' Chomataidh a rinn ullachadh airson a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail an dà thuras mu dheireadh a bha e anns an Oban. Bliadhna an dèidh bliadhna bha e ann an teis-meadhan gnothaich aig Mòdan Nàiseanta, agus bha e air leth freagarrach gun tugadh dha bonn aig Mòd Phàislig anns an Dàmhair mar chomharadh air na rinn e às leth a' Chomuinn.

Anns gach adhbhar anns an robh Robin an sàs bha a bhean, Iseabal, an còmhnaidh ri thaobh. Tha ar co-fhaireachdainn a' dol thuice-se. Bha an coitheanal mòr a chruinnich ann an Eaglais na Sgìre anns an Òban a' dearbhadh air cho measail agus a bha daoine air. Bidh ionndrainn mhòr air deagh charaid, duine glic tàlantach a-rinn obair mhòr as leth an t-sluaigh agus gu h-àraidh as leth na Gàidhlig.



ROBIN BANKS

Although many knew that Robin Banks was not in good health, there was a sense of shock and sadness in many communities when it became known that he had passed away on the second of February.

Robin had a life-long connection with Oban and he was proud of his roots in the town. After graduating in law from Edinburgh University he joined his father's law firm in Oban.

Robin Banks gave loyal service to the community in a number of ways. He was a founder member of Oban Round Table. He had a particular interest in drama and was connected with Benderloch Drama Club from its beginning. Indeed the day before his sudden death he had attended a drama meeting. Among the good causes he supported was Lorn Agricultural Show, and for fifty five years was a supporter of Children 1st.

At the age of sixty Robin Banks retired as a solicitor, but was very active in his retirement. He served for fifteen years as a Councillor in Argyll and for six years was Deputy Leader of Argyll and Bute Council.

Most people were acquainted with Robin through his outstanding for many years to An Comunn Gàidhealach. He was president of Comunn Gàidhealach an Obain and served as Convener the last two times the Royal National Mod came to Oban. Year after year he was at the heart of things at National Mods, and it was most fitting that at the Paisley Mod in October he was presented with a special medal in recognition of his work for An Comunn.

In every activity that Robin was connected with he had the loyal support of his wife, Ishbel. We extend our sympathy to her. The huge congregation that gathered at the Parish Church in Oban showed the high regard and respect that people had for him. He will be greatly missed as a good friend, a very wise and talented man who did so much good work on behalf of the community and particularly on behalf of the Gaelic cause.



An Comunn Gàidhealach

FOIRMEAN IARRTAS MÒD 2014

Bidh na Foirmean airson Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo ri faighinn a dh' aithghearr. Faodar cuir a-steach airson farpaisean na bliadhna tron làrach-lìn againn no faodar foirm a chur thugainn tron phost.

Feumar cuir a-staigh airson farpaisean na bliadhna-sa ro Disathairne 31 Cèitean 2014.

Cumaibh sùil air an làrach-lìn againn anns na seachdainean a tha romhainn airson foirmean Mòd Nàiseanta Rìoghail 2014.

Earrannan Ainmichte 2014

Cuimhnichibh gu bheil earrannan ainmichte Òigridh agus Inbhidh a-nis rin ceannachd air an làrach-lìn againn:

<http://www.ancomunn.co.uk/store>

Tha na leabhraichean ciùil agus bàrdachd fhathast rin ceannachd cuideachd.

Ma tha sibh airson fear òrdachadh, cuiribh fòn no post-d thugainn:

01463 709 705

info@ancomunn.co.uk

Measadh Gàidhlig

Thèid làithean a chur air dòigh anns na mìosan a tha romhainn airson Measaidhean Gàidhlig. Dh' fhaodadh gum bidh na làithean seo air an cumail aig feadhainn de na Mòdan Ionadail.

Bidh cothrom ann Measaidhean a dhèanamh thairis air seachdain a' Mhòid san Dàmhair, ach feumar àite a ghlèidheadh ro làimh.

Thèid fios mu dheidhinn seo a sgaoileadh nas fhaig air an àm.

Cuimhnichibh gu bheil eisimpleirean air an làrach-lìn againn le ceistean a bheir beachd air structairean agus an ìre a bhios sinn a' lorg.

Ma bhios ceistean sam bith agaibh ron uairsin ge ta, cuiribh fios thugainn.

Ma tha sibh airson àite a chur air dòigh airson Measadh no ma tha sibh a' lorg fiosrachadh sam bith eile, cuiribh fios gu Seumas Greumach:
james@ancomunn.co.uk

MOD 2014 ENTRY FORMS

Entry forms for this year's Royal National Mod will soon be available. You will be able to enter via our website or by sending us an entry form through the post.

The deadline for entry to this year's competitions is Saturday 31st May 2014.

Keep an eye on our website to see when entry forms will be available.

Prescribed Pieces 2014

Remember you can now purchase and download individual Junior and Senior prescribed pieces via our website:

<http://www.ancomunn.co.uk/store>

You can still purchase the Music and Poem books as well. Just give us a call or email us:

01463 709 705

info@ancomunn.co.uk

Gaelic Testing

Gaelic Testing dates will be organised over the next few months. These may be held at some of the Provincial Mods.

Gaelic Testing will also be available during Mod week itself as well – but you will have to book a slot beforehand.

Details of slots will be made available nearer the time.

Remember there are sample questions on our website which will indicate the key structures competitors should be able to use and the standard that we will be looking for.

In the meantime though, feel free to get in touch with any questions.

If you would like to book a Test or if you would like to find out more information, you can contact James Graham at james@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Còisirean Òigridh Gàidhlig

Tha An Comunn Gàidhealach a' foillseachadh gu bheil a' cur sgeama air bhog gus còisirean òigridh Gàidhlig ùr a stèidheachadh. 'S ann an co-bhonn ri Comunn nan Còisirean a tha an Sgeama a tha ag amas air a bhith ag àrdachadh àireamhan de chòisirean Gàidhlig a-measg an òigridh.

Thathas a' tabhann bùthan-obrach agus trèanadh do chòisir ùr sam bith agus gheibhear taic practigeach eile ann a bhith a' lorg òrain is co-sheirmean agus a leithid.

Thuir Coinneach MacThomais, Cathraiche aig Comunn nan Còisirean, "Tha an àireamh de chòisirean òigridh Gàidhlig a tha a' frithealadh Mòdan air crìonadh rè nam beagan bhliadhnaichean a-chaidh seachad. Tha fhios nach eil e furasta no dha-rìreabh, comasach do sgoiltean agus coimhearsnachdan còisirean a stèidheachadh mura h-eil na goireasan is eile aca. Tron sgeama seo ge-ta, tha sinn airson taic a chumail riutha ann a bhith a' dèanamh seo."

Tha an Sgeama seo fosgailte do chòisir ùr sam bith aig a bheil ùidh agus miann còisir a chruthachadh as ùr. 'S e an t-seinneadair is an stiùiriche còisir Gàidhlig, Joy Dunlop, a bhios a' cumail taic ris a' Chomunn ann a bhith a' libhrigeadh bùthan-obrach is trèanadh do chòisirean 's i a' coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla riutha. Thuir Joy, "Tha mi fhìn air a bhith an sàs ann an còisirean Gàidhlig bho aois gu math òg 's tha mi fhathast nam bhall de chòisir inbheach agus nam stiùiriche do chòisir eile. Tha mi air buannachdan nach gann fhaighinn a-mach às 's tha an t-seinn agam air a thighinn air adhart gu mòr mar thoireadh air an sin. 'S e rud sòisealta is tlachdmhòr a th' ann a dh' aindeoin na h-obrach cruaidh a tha na lùib. Bhiodh e math dhà neo trì chòisirean Gàidhlig eile a' stèidheachadh air feadh na dùthcha."

Ma tha ùidh agaibh anns an Sgeama seo, cuiribh fios gu Seumas Greumach aig a' Chomunn airson barrachd fiosrachaidh: james@ancomunn.co.uk. Fòn: 01463 709705. www.ancomunn.co.uk

Junior Gaelic Choirs

An Comunn Gàidhealach are pleased to announce the launch of a new Scheme in order to help establish new Junior Gaelic choirs. The Scheme has been undertaken in partnership with Comunn nan Còisirean (The Association of Gaelic Choirs) and aims to increase interest in junior Gaelic choral singing.

Conductor training and workshops will be offered to any new, potential choir as part of the scheme as well as other practical support such as providing and supplying songs and arrangements.

Kenny Thomson, chairman of the Association of Gaelic Choirs said, "The number of Junior Gaelic choirs competing at Mòds has gradually declined in recent years. We know that not all schools and areas have the skills, time and resources to be able to start up a choir and through this initiative we hope to be able to support any school or community that wish to do so."

The Scheme will be open to any new, aspiring Gaelic choirs that have a genuine interest and wish to establish a Junior Gaelic choir.

Well known Gaelic singer and choir conductor Joy Dunlop will assist An Comunn Gàidhealach in delivering workshops and training for any new, prospective conductors and is looking forward to the prospect of working with new choirs. Joy said, "I have been involved in Gaelic choral singing from an early age and am also a member of a Senior Gaelic choir as well as being a conductor of another Gaelic choir. I have gained so much from being part of choirs and choral singing was an important part of my development as a singer. The social enjoyment completely outweighs the hard work that is put in and it would be great to see another few Gaelic choirs forming around the country."

If you are interested in receiving support through this Scheme, please contact James Graham at An Comunn for more details: james@ancomunn.co.uk. Tel: 01463 709705. www.ancomunn.co.uk



An Comunn Gàidhealach

MÒDAN IONADAIL 2014 PROVINCIAL MODS 2014

Dùn Èideann / Edinburgh

26 Giblean
26 April

www.edinburghlocalmod.co.uk

Sruighlea / Stirling

16 & 17 Cèitean
16 & 17 May

karenfernier@gmail.com

Cille Brìde an Ear / East Kilbride

30 – 31 Cèitean
30 – 31 May

catmacdonald292@btinternet.com

Uibhist / Uist

30 & 31 Cèitean
30 & 31 May

moduibhist@gmail.com

Leòdhas / Lewis

3 - 6 Ògmhios
3 - 6 June

peigi@ancomunn.co.uk

Loch Abair / Lochaber

5 & 6 Ògmhios
5 & 6 June

linda@bosslochaber.co.uk

An t- Eilean Sgitheanach Isle of Skye

5 - 7 Òg Mhios
5 - 7 June

maireadnicolson@btinternet.com

Cataibh & Gallaibh Sutherland & Caithness

7 Òg-mhios
7 June

janette.mackay@tiscali.co.uk

Ìle / Islay

7 Òg-mhios
7 June

alisongrayislay@aol.co.uk

Na Hearadh / Harris

12 & 13 Ògmhios
12 & 13 June

cjmackay1a@gnes.net

Glaschu / Glasgow

13 & 14 Ògmhios
13 & 14 June

angelajenkins34@hotmail.com

Peairt agus Aonghas Perthshire & Angus

13 & 14 Òg-mhios
13 & 14 June

pad.gaelicmod@gmail.com

Àird nam Murchan Ardnamurchan

20 Ògmhios
20 June

davidandval.barker@btinternet.com

Inbhir Nis / Inverness

20 & 21 Ògmhios
20 & 21 June

sineanna@aol.com

An t-Òban / Oban

20 & 21 Ògmhios
20 & 21 June

dochiemacd@gmail.com

Taobh Siar Rois / Wester Ross

3 Sultain
3 September

duncan-ross@sky.com

Mòd Ionadach na Dreolluinn Mull

12 & 13 Sultain
12 & 13 September

ruthanderson07@hotmail.com

Barraigh / Barra

26 & 27 Sultain
26 & 27 September

jdouglasmacneil@aol.com

Dailriada / Dalriada

27 Sultain
27 September

christinejohnston66@sky.com

Tha duilleag shònraichte aig gach Mòd Ionadail air an làrach-lìn againn.
Each Provincial Mod has a dedicated page on our website.
Gheibhear fiosrachadh a bharrachd mu na Mòdan agus na Comataidhean an sin.
Details of each Mod and their Committees etc are available there.

www.ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

An Comunn Gàidhealach



**Thèid Coinneamh Bhliadhnail
a' Chomuinn Ghàidhealaich a chumail
Dihaoine 7 Màrt 2014
aig 6.30f ann an
Seòmar MhicIlleathain
Eden Court, Inbhir Nis.**

An Comunn Gàidhealach



***The Annual General Meeting
of An Comunn Gàidhealach
will be held on Friday 7 March 2014
at 6.30pm in the
Maclean Room
Eden Court, Inverness***

Taigh-Cèilidh Cèilidh house

TRADITIONAL
ENTERTAINMENT
BY SOME OF GAELDOM'S
TOP ARTISTS

*Arthur Cormack
Alex MacDonald
DJ MacIntyre
Iain Mackay
Kirsteen MacDonald
Marloch
Sineag MacIntyre*

EMPIRE THEATRE, EDEN COURT
DIHAOINE 7 MÀRT 7.30F
FRIDAY 7 MARCH 7.30PM

TIOGAIDEAN
TICKETS £15/£13

01463 234 234
WWW.EDEN-COURT.CO.UK



COMUNN GÀIDHLIG INBHIR NIS
GAELIC SOCIETY OF INVERNESS



DESIGN BY GRAFICANNA.COM



GGMA

Glasgow Gaelic Musical Association
Annual Concert

Glasgow University Chapel
Entry by donation
Friday 14th March, 7.30pm
Followed by informal ceilidh and raffle.

An Comunn Gàidhealach

Làrach-lìn Comataidh Ionadail 2014



Tha làrach-lìn Comataidh Ionadail Mòd Inbhir Nis a-nis beò.
The Inverness Local Committee website is now live.

**Gheibhear fiosrachadh sam bith a thaobh a’
Chomataidh Ionadail agus mu dheidhinn na tachartasan a bhios aca eadar seo agus an Dàmhair.**
The website will provide information relating to the Local Organising Committee and the various events we will be staging between now and October.

Ma bhios sibh a’ lorg àite-fuirich, fiosrachadh mu dheidhinn a’ bhaile, no ma tha sibh airson cuideachdadh seachdain a’ Mhòid, gheibhear fiosrachadh an seo.
If you are looking for information on accommodation, information about Inverness itself or if you would like to get involved with the Committee, the website will provide information on all of this.

Lorg sinn aig:
Find us at:

www.modinbhirnis2014.com

Duilleag Facebook Ùr aig Comataidh Ionadail 2014



Tha duilleag Facebook ùr aig a’ Chomataidh Ionadail a-nis.
The Local Organising Committee have set up a new Facebook page.

Lorg sinn aig ‘Mòd Inbhir Nis 2014’
You will find us by searching:

[Facebook/modinbhirnis2014](https://www.facebook.com/modinbhirnis2014)

Feuch gun innis sibh dha na caraidean agaibh mu dheidhinn an duilleag ùr againn cuideachd!
Be sure to invite all your friends to like our page as well!

Bidh sinn a’ cuir fios mu na tachartasan againn an seo agus fiosrachadh sam bith eile. Faodaidh sibh fhèin teachdaireachd fhàgail againn cuideachd!
We will publish information on all our events etc on our Facebook page. Feel free to leave us a message as well!

An Comunn Gàidhealach



Comataidh Ionadail Mòd Inbhir Nis 2014

Tachartasan ri thighinn / Coming Events!

21 Màrt / March

**Consairt le Na Lochies agus Marloch
(The Lochies in concert, with Marloch Ceilidh Band)
Legion
Inbhir Nis / Inverness**

25 Giblean / April

**Oidhche Uibhist / Uist Night Cèilidh Dance
Iochdar**

2 Cèitean / May

**Oidhche Mnàthan
(Ladies' Pamper Night)
Talla Ràthaig Mhòr / Raigmore Recreational Hall**

31 Cèitean / May

**Oidhche Karaoke Gàidhlig
(Gaelic Karaoke Night)
Fairways, Inverness / Inbhir Nis**

21 Ògmhios / June

**Provincial Mod Ceilidh
(Cèilidh Mòd Ionadail Inbhir Nis)
Legion
Inbhir Nis / Inverness**

Cumaibh sùil air an làrach-lìn againn agus air duilleag Facebook airson fiosrachadh air tachartasan sam bith a bhios againn.

www.modinbhirnis2014.com

[Facebook/modinbhirnis2014](https://www.facebook.com/modinbhirnis2014)

An Comunn Gàidhealach



Mischa, Innes agus Conal © BBC, dealbh le Jack Barnes

Duaisean Folk BBC Radio 2 2014

Bhuannaich còmhlan le ceanglan ris a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan duais air leth sònraichte bho chionn ghoirid, a thug ceòl agus seinn Gàidhlig gu aire mòran dhaoine airson a' chiad uair. Bhuannaich còmhlan Mischa MacPherson Duaisean Folk BBC Radio 2 na bliadhna-sa ann an Tallaichean Royal Albert ann an Lunainn. 'S e Mischa, 20, à Leòdhas, Innes White, 19, à Inbhir Pheofharain agus Conal McDonagh, 19 à Pol Iù a th' anns a' còmhlan.

Bha farpais gu math duilich aca, ach bhuannaich iad agus 's iad a bha airidh air an duais seo. Bha iad air an dòigh gun d' fhuair na h-òrain Gàidhlig aca àite air Rèidio 2.

'Be Mark Radcliffe bho Rèidio 2 agus an t-seinneadair Gàidhlig Julie Fowles a bha sa' chathair airson an oidhche. Shiubhail teaghlaichean agus caraidean a' còmhlan sìos a Lunainn còmhla riutha airson taic a thoirt dhaibh air an oidhche. Abair gun robh iad air an dòigh nuair a chaidh na h-ainmean aca a leughadh a-mach as dèidh dhaibh an duais a bhuannachadh.

Bha an còmhlan cho toilichte nuair a bhuannaich iad. Bhon uairsin tha iad air iomadach cuireadh fhaighinn airson cluich aig measgachadh de chonsairtean agus fèisean air feadh na dùthcha agus air feadh an t-saoghail. Tha iad air cuireadh fhaighinn airson cluich ann am Pakistan, India, Niribhidh, an Gearmailt agus an Eadailt.

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh mu dheidhinn na tachartasan aca air an larach-lìn agus an duilleag Facebook aca.
www.mischamacphersontrio.com

Meal an naidheachd dhuibh bhon a h-uile duine aig
A' Chomunn Gàidhealach - tha sinn gu math pròiseil!

BBC Radio 2 Young Folk Award 2014

A talented trio of musicians hailing from the Highlands and Islands won a prestigious award recently, bringing Gaelic music and song to the attention of many for the first time. The Mischa MacPherson Trio which features Mischa, 20, from Lewis, Innes White, 19, from Dingwall and Conal McDonagh, 19, from Poolewe won the BBC Radio 2 Young Folk Award 2014 during the award ceremony in the Royal Albert Hall in London. The trio faced stiff competition in their category, but their astounding performances in the semi-finals and finals ensured their place at the top of the list. The band were delighted that their Gaelic songs had earned a place on the Radio 2 folk scene.

The presenters for the evening were Radio 2 DJ Mark Radcliffe and Gaelic singer Julie Fowles. Family and friends of the trio travelled to London to support them on the night and were ecstatic when their names were read out as winners of the prestigious award.

The three members of the group are each well established musicians individually as well as playing as a group. The band were delighted to win the award and as a result of their win their diaries are already filling up with invitations to perform at various festivals and events across the country and indeed across the world. These include invitations to perform in Pakistan, India, Norway, Germany and Italy.

*You can keep up to date with the band's performances via their website and Facebook pages.
www.mischamacphersontrio.com*

*Congratulations to the three of you from all at
An Comunn Gàidhealach - you have done us all very proud!*



Mischa, Innes agus Conal, dealbh bho
www.mischamacphersontrio.com

Tha Meur Inbhir Nis den Chomunn Ghàidhealaich a' toirt thugaibh

Na Lochies



8f Dihaoine 21 Màrt | 8pm Friday 21 March
Royal British Legion, Huntly Street, Inverness

Featuring:

The Lochies - Marloch - and Local artists

Tigeadan | Tickets £10



07891 814925 / 07739 339805
Under-18s must be accompanied by an adult



An Comunn Gàidhealach



Fèis Chlàrsach Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann / Edinburgh International Harp Festival

Cinn-latha / Dates: 4 – 9 Giblean / April 2014

Càite / Venue: Sgoil Chaisteal Merchiston / Merchiston Castle School, 294 Colinton Road, Edinburgh, EH13 0PU

www.harpfestival.co.uk

Fòn / Tel: 0131 473 2000 & 0131 554 0212

Thèid an Fhèis a chumail aig gàrraidhean àlainn Sgoil Chaisteal Merchiston. Thathas a' cuir fàilte chridheil air measgachadh de chlàrsairean ainmeil bho air feadh an t-saoghail agus cluicheadairean ionadail, a bhios a' cluiche measgachadh de cheòl, bho ceòl traidiseanta gu ceòl jazz, le consairtean, cùrsaichean, bùthan-obrach, taisbeanaidhean agus seiseannan eadar-dhealaichte.

Held on the beautiful grounds of Merchiston Castle School, EIHf welcomes a healthy mix of world-class harpists and up-and-coming local talents playing a range of musical styles from folk to jazz for concerts, courses, workshops, the UK's largest harpmakers' exhibition and late night music sessions.

Tachartasan Gàidhlig / Gaelic influenced events

Hall of the Chieftain with John Purser

Disathairne / Saturday, 5 Giblean / April @ 7:30f / pm

Ceòl chlàrsach agus pìoba, le seinn ann an Scots agus Gàidhlig, le Alison Kinnaird, Allan Dòmhnallach, Bill Taylor, Cairistiona Primrose, Mary Macmaster agus Patsy Seddon (Sileas) agus Steve Byrne.

Ballad and song in Scots and Gaelic, accompanied by clarsach and pipes, and with instrumental solos, ranging from pìobaireachd to dance, featuring Alison Kinnaird, Allan MacDonald, Bill Taylor, Christine Primrose, Mary Macmaster and Patsy Seddon (Sileas) and Steve Byrne

Bùth-obrach Gàidhlig / Gaelic song workshop

Diluain / Monday, 7 Giblean / April @ 3:45 f / pm

Bidh Cairistiona Primrose a' toirt thugaibh measgachadh de dh' òrain Gàidhlig. Chan fheum Gàidhlig a bhith agaibh ach feumar a bhith deiseil agus deònach!

Christine Primrose will cover a selection of Gaelic songs. Knowledge of Gaelic is not necessary but enthusiasm is!

Festival Orchestra

Diciadain / Wednesday, 9 Giblean / April @ 3:00 f / pm

Consairt sònraichte le Màiri-Louise NicDhòmhnaill, a bhios a' cluiche fuinn Ghàidhlig. (le taic bho An Comunn Gàidhealach). Special concert which will feature Mod prize winner, Mairi-Louise MacDonald, performing Gaelic airs and dances (supported by An Comunn Gàidhealach).

Ùlpan dha luchd-ionnsachaidh / for beginners

A four-day course on Scottish Gaelic language for beginners. Held over the duration of the festival, each session will be 1.5 hours in duration (no session on Monday, 7 April). The course will be delivered by native Gaelic speaker, John N. MacDonald

Tuilleadh fiosrachadh aig / further information at:

www.harpfestival.co.uk

An Comunn Gàidhealach

PRÒGRAM COMHAIRLEACHAIDH GÀIDHLIG 2014

Prògram Comhairleachaidh Gàidhlig 2014
Stiùidio Sgrìobhadairean Dràma na h-Alba, ann an co-
chomhairleachaidh le Theatar Nàiseanta na h-Alba
Ceann-là: 28 Màrt 2014

Thathas a' toirt cuireadh airson cuir a-steach airson Prògram Comhairleachaidh Sgrìobhadairean Dràma Gàidhlig. Thèid dà sgrìobhadair a thaghadh airson Prògram Comhairleachaidh Sgrìobhadh Drama le Iain Fionnlagh Macleòid, Sgrìobhadair (Gàidhlig) airson Theatar Nàiseanta na h-Alba, gus taic a thoirt airson dealbh-cluich ùr a sgrìobhadh. 'S e cothrom a tha seo, sgillean sgrìobhaidh dràma a leasachadh agus tuilleadh eòlas fhaighinn air sgrìobhadh dràma.

Gheibh gach sgrìobhadair trì seiseanan le Iain Fionnlagh thairis air sia mìosan. Gheibhear co dhìù aon turas gu theatar air choireigin anns an ùine seo, còmhla ri bùthan-obrach agus cothroman coinneachadh ri riochdairean bho Theatar Nàiseanta na h-Alba agus eòlaichaidhean eile.

Bidh fios cò gheibh na h-àiteachan seo ron Chèitean 2014, agus tòisichidh am Prògram anns an Iuchar 2014.

BEARTAS CAINNT COMUNN GÀIDHLIG GHLASCHU

Dimàirt 18mh Màrt, 7:30f

(Tuesday 18th March 7:30pm)

Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu
147 Berkeley Street
Glasgow
G3 &HP

Òraid ann an Gàidhlig leis an t-Àrd. Oll. Boyd Robasdan.

Barrachd fiosrachaidh | For more information:

GAELIC MENTORING PROGRAMME 2014

Gaelic Mentoring Programme 2014
Playwrights' Studio, Scotland, in partnership with the
National Theatre of Scotland
Deadline: 28 March 2014

Applications are invited for a new Gaelic Playwright Mentoring Programme. Two writers will be chosen for a Programme of mentoring by established playwright and National Theatre of Scotland Associate Artist (Gaelic), Iain Finlay Macleod, to support the development of a new play. This is an opportunity to improve playwriting skills and gain valuable insight into the playwriting process and profession.

Each writer will receive three mentoring sessions with Iain Finlay over a six month period. There will be at least one theatre trip organised during this time, as well as supporting workshops and opportunities to meet representatives from the National Theatre of Scotland and other theatre professionals.

The outcome will be known no later than May 2014, with the mentoring commencing July 2014.

For more information visit:
<http://www.playwrightsstudio.co.uk/Gaelic%20Mentoring%20014.htm>

CÈILIDH & DANNSA CEILIDH DANCE

COMUNN UIBHIST AGUS BHARRAIDH GHLASCHU
THE GLASGOW UIST AND BARRA ASSOCIATION

Disathairne 28mh Màrt, 9f - 1m
Saturday 28 March 9pm - 1am
Crawford Hall
110 Beith Street
Glasgow
G11 6ER

Entry fee: £7

Barrachd fiosrachaidh | More information

Làrach-lìn | Website:

www.glasgowuistandbarraassociation.co.uk

An Comunn Gàidhealach

CÙRSA SGILEAN-DEASACHAIDH
DIMAIRT 8 GIBLEAN - DIARDAOIN 10 GIBLEAN 2014
COUNTY HOTEL, STEÒRNABHAGH 9.30am-4pm

Geàrr-aithris – dè th' ann?

Cùrsa sgilean-deasachaidh trì latha, le cuideam sònraichte air leabhraichean Gàidhlig agus cuid dhe na ceistean-deasachaidh a tha nan cois. Thèid sùil gheur a chumail air cuspairean gràmar agus cànan. 'S ann tro mheadhan na Gàidhlig a bhios an Cùrsa.

Cuin agus càite?

Dimàirt 8 Giblean gu Diardaoin 10 Giblean 2014, bho 9.30 sa mhadainn gu 4 uairean feasgar, fad trì latha. Thèid a chumail an Steòrnabhagh, Eilean Leòdhais, Taigh-òsta a' Chounty air Sràid Fhrangais.

Cò dha a tha seo?

Feadhainn a tha airson a bhith an sàs ann an obair-deasachaidh ceangailte ri foillseachaidhean Gàidhlig. Bidh e gu h-àraidh freagarrach do dhaoine aig nach eil mòran eòlais air a' chuspair: mar eisimpleir, feadhainn a tha air ùr-thòiseachadh ann an obair-deasachaidh no feadhainn a tha airson dreuchd ùr ann an deasachadh fhaighinn. Feumaidh sibh a bhith gu math fileanta ann an Gàidhlig. 'S e cothrom math a bhios ann, tha sinn an dòchas, coinneachadh ri diofar dhaoine aig am bheil ùidh ann an obair-deasachaidh. Bidh cuideam air cuspairean gràmar agus cànan, seach obair 'chruthachail' a thaobh stoiridh neo brìgh an teacsa. Ma tha sibh fìor eòlach air gràmar agus litreachadh ann an Gàidhlig, 's dòcha nach e seo an cùrsa as fheàrr dhuibh.

Tì, cofaidh agus biadh

Bidh tè agus cofaidh ri fhaighinn tron latha. Bidh biadh ri fhaighinn eadar uair feasgar agus dà uair feasgar san taigh-òsta.

Cò bhios a' teagasg thairis air na trì latha?

Bidh Ruairidh MacIlleathain, a tha stèidhichte an Inbhir Nis, os cionn gnothaichean. Tha Ruairidh air a' chùrsa seo a chur ri chèile còmhla ri Comhairle nan Leabhraichean. Air an dàrna latha, bidh sgrìobhadair stèidhichte - Maoilios Caimbeul an turas seo - a' tadhal air luchd-frithealaidh gus bruidhinn riutha bho shealladh an ùghdair fhèin.

Ceistean

Ma tha ceistean sam bith agaibh, no ma tha sibh airson àite fhaighinn air a' chùrsa bu chòir fios a chur gu John Storey, Comhairle nan Leabhraichean, air post-dealain aig john@gaelicbooks.org

EDITORIAL SKILLS COURSE

TUESDAY 8 APRIL - THURSDAY 10 APRIL 2014,
COUNTY HOTEL, STORNOWAY 9.30am-4pm

What is it?

A three day, intensive Gaelic editorial skills course, with specific emphasis on Gaelic books and publishing, focusing on grammar and orthography. The course will be delivered in Gaelic.

When and where?

Tuesday 8th April to Thursday 10th April (inclusive), from 9.30am to 4pm, at The County Hotel in Stornoway. There will be an hour break each day and lunch will be available. Tea and coffee will be provided.

Who is it for?

Fluent Gaelic speakers with good oral and written ability in the language who wish to improve their editorial skills and methodology with regard to Gaelic publications, particularly with regard to grammar and orthography. If you are already an experienced Gaelic Editor, with excellent language skills, this might not be the course for you. This course does not delve deeply into 'creative editing' but there is a strong emphasis on orthographic issues. The training is aimed at fluent Gaelic editors at an early stage in their careers, or those with a serious desire to get into the Gaelic editorial and publishing sector. The course might also benefit experienced practitioners wishing a 'refresher course'.

Tea, Coffee and Lunch

Tea and coffee will be available throughout the day. Lunch will be provided between 1pm and 2pm in the Hotel.

Who will be teaching over the three days?

Editor, broadcaster and language guru Roddy MacLean (based in Inverness) will be leading the course. Roddy has developed the editorial skills course in collaboration with The Gaelic Books Council. An established writer will be involved on the second day of the course, providing participants with an insight into editorial matters from an author's perspective. This time in Stornoway it will be acclaimed novelist and poet Myles Campbell. Written course materials will be provided at the start of the session.

Questions

If you require further information, or wish to apply for a place on the course planned for 8-10 April 2014 in Stornoway, please email John Storey at john@gaelicbooks.org



An Comunn Gàidhealach



Leasachadh Baile na Cille Bige – Ìre 1

Thòisich obair an t-seachdain seo ann an Slèite san Eilean Sgitheanach air Ìre 1 den phròiseact mhòr, ùr, 'Leasachadh Baile na Cille Bige', a tha air a stiùireadh le Sabhal Mòr Ostaig, an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig. Tha cunnradairan a' phròiseict, Robertson Construction Northern Ltd, air tòiseachadh ag obair air làrach na h-iomairte ùire seo aig a bheil cinn-uidhe an dà chuid lèirsinneach agus dòchasach.

Mar thoradh air iomairt na Cille Bige, thèid a' chiad 'bhaile ùr' a chruthachadh san Eilean Sgitheanach o chionn cha mhòr 100 bliadhna, agus bidh sin na chloich-mhìle chudromach ann an eachdraidh an eilein. Cuideachd, togaidh e air a' bhuaidh a tha air a bhith aig a' Cholaiste air eaconamaidh is beatha muinntir na sgìre bho chaidh a stèidheachadh le Sir Iain Noble ann an 1973. Thèid am baile ùr a thogail air fearann a chaidh a cheannach le Sabhal Mòr Ostaig o chionn ghoirid agus a fhuair taic fhialaidh bho Urras Leasachaidh Sabhal Mòr Ostaig. Mar phàirt den obair aig Ìre 1, thèid an làrach ullachadh airson leasachaidhean a thig an cois irean eile den phròiseact agus thèid bun-structar is seirbheisean a stèidheachadh ris an tèid eileamaidean eile de Mhòr-phlana Baile na Cille Bige a chur mean air mhean thar ùine a mhaireas 10-15 bliadhna, thathar an dùil.

Cho math ri seirbheisean is bun-structar, aig Ìre 1 thèid togalach ùr a thogail airson Obair Sgoilearach, Rannsachaidh, Aiseag Eòlais agus Tionnsgalachd, agus bidh pàirt den ionad ùr seo na dhachaigh do chuid de phrìomh luchd-obrach na Colaiste a tha an-dràsta ag obair san t-seann 'shabhal' aig Àrainn Ostaig. Bheir sin cothrom an uair sin leasachadh is obair ghleidhidh a dhèanamh air an togalach ainmeil is eachdraidheil sin, agus cothrom goireas a dh'aona-ghnothach a chruthachadh airson co-labhairtean is tachartasan, amas a tha na phrìomh bhunait de ro-innleachd airson a bhith leasachadh làrach is fearann na Colaiste.

An lùib irean eile den Mhòr-phlana, thathar an dùil diofar sheòrsaichean taigheadais, ionadan reic is gnìomhachais, taigh-òsta is goireasan spòrs is cur-seachad a thogail don t-Sabhal Mhòr agus don choimhearsnachd mun cuairt.

Tha Manaidsear a' Phròiseict, Donaidh MacFhionghain bho MacKinnon Associates, os cionn a' phròiseact. Air an sgioba dealbhachaidh tha: na h-aitirean Holmes Miller ann an com-pàirt ris na h-aitirean Sgitheanach Rural Design a tha air duaisean a ghleidheadh; na Measadairean Cosgais, Currie is Brown; na h-Innleadairean Catharra, Halcrow; na h-Innleadairean Seirbheis, DSSR; agus an Co-òrdanaiche CDM, Aecom.



Kilbeg Village Development - Phase 1

Phase 1 of the major new 'Kilbeg Village Development', being led by Sabhal Mòr Ostaig, the National Centre for Gaelic Language and Culture, commenced this week in Sleat, on the Isle of Skye, as the project contractors, Robertson Construction Northern Ltd, moved on site to begin work on this exciting and visionary new development.

The Kilbeg initiative will result in the creation of the first new 'planned village' on Skye, in almost 100 years and is, therefore, of great historical significance. It will also build upon the significant socio-economic impact which the College has had in the region since its founding by Sir Iain Noble in 1973. The new village will be formed on land recently purchased by Sabhal Mòr with the generous support of the Sabhal Mòr Ostaig Development Trust. Phase 1 of the project will result in the preparation of the site for future phased development along with the laying in of the wider services and infrastructure which will enable the future elements of the Kilbeg Village Master plan to be delivered incrementally over a projected 10-15 year time frame.

Along with the site servicing and infrastructure, Phase 1 will see the building of a new Academic, Research, Knowledge Transfer and Enterprise building which will, in part, house key College staff currently occupying the original Ostaig Steading buildings. This, in turn, will allow for the conservation and future redevelopment of that iconic and historic building, creating a new bespoke conferencing and events facility, a key part of the College's own estate development strategy.

Future phases of the wider Master plan provide for a range of housing, retail and enterprise units, a small hotel and sports and recreation facilities for Sabhal Mòr and the wider community.

The Design team for the project, led by Project Manager, Donny MacKinnon of MacKinnon Associates, consists of Architects; Holmes Miller in a partnership with the award winning Skye based Architects, Rural Design, Quantity Surveyors, Currie and Brown, Civil Engineers, Halcrow, Services Engineers, DSSR and CDM Co-ordinator Aecom.



An Comunn Gàidhealach



www.panceltic.ie

COMUNN ILEACH GHLASCHU
(THE GLASGOW ISLAY ASSOCIATION)



ANNUAL GATHERING CONCERT

Dihaoine 7mh Màrt 7:30
(Friday 7th March 7:30)

Glasgow University Union
32 University Avenue
Glaschu
G12 8LX

Son barrachd fios | For more information:
Làrach-lìn | Website:
www.glasgow-islay.org.uk



Ceòl 's Craic
music and banter

CCA:



www.ceolscaic.org

COMUNN UIBHIST AGUS BHARRAIDH GHLASCHU
GLASGOW UIST AND BARRA ASSOCIATION



PIPING COMPETITION


Disathairne 8mh Màrt 9m-6f
(Saturday 8th March 9am - 6pm)

Piping College
16-24 Otago Street
Glasgow
G12 8JH

Piobaireachd, light mystic, hornpipes and jigs.

Son barrachd fios | For more information:
Làrach-lìn | Website:
www.glasgowuistandbarraassociation.org.uk

An Comunn Gàidhealach



Tiocaidean: £8 / 5 / 3 | Tickets: £8 / 5 / 3

Forcan Beaga | Little Forks

Cuirm de leughadh Gàidhlig is Beurla le ceòl beò. |
Theatrical reading in Gaelic and English with live music.

"It should be seen across Scotland, not least in those areas where Gaelic still lives, breathes, and has the power to change." - Joyce McMillan, The Scotsman

Diciadain 26 Am Màirt | Wednesday 26 March
Àrainn Shuaineirt, Sròn an t-Sithein | Sunart Centre, Strontian
01397 709228

Diardaoin 27 Am Màirt | Thursday 27 March
Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis, Inbhir Nis | Inverness Gaelic Primary School, Inverness
01463 725980

Gheibhear tiocaidean air-loidhne aig www.playpieces.co.uk |
Tickets available online at www.playpieces.co.uk


Tha ticeadan ri fhaighinn air loidhne, no bho Arainn Shuaineirt agus
Bun Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis.

*Tickets are now available online as well as in person at Arainn Shuaineirt
and Bun Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis.*

Le taic bho Comhairle na Gàidhealtachd agus Alba Chruthachail.
Supported by Highland Council and Creative Scotland.

www.playpieces.co.uk

An Comunn Gàidhealach



'Se Colaiste Foghlaim dha Inbhich a tha ann an Colaiste Abaid Newbattle.

Gheibhear fiosrachadh air cùrsaichean ann an Gàidhlig agus Ceiltis aig Colaiste Abaid Newbattle.

As Scotland's Adult education residential college, we offer adults with few or no qualifications the opportunity to experience a high quality transformative learning experience within an historic heritage site.

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh bho:

office@newbattleabbeycollege.ac.uk
www.newbattleabbeycollege.ac.uk



ACCESS TO HIGHER EDUCATION COURSE

SCQF Level 6

Our 1 year full-time Celtic Studies course is part of the Scottish Wider Access Programme (SWAP). This course is available on a residential or non residential basis for adults aged 19 or over with few or no qualifications. If students complete the course successfully, they can progress to higher education, in programmes such as Celtic Studies and Gaelic and Primary Education.

All students must complete the following units:

Celtic Studies: An Introduction	History of the Celts in Scotland
Storytelling in the Celtic Tradition	Politics in the Celtic Nations
Heritage Industry in Scotland	Literature
Contemporary Gaelic Language and Culture	Gaelic: Speaking & Writing for New Learners
Gàidhlig: Speaking & Writing for Fluent Learners	Intermediate 2 Maths

The NC Celtic Studies is likely to include optional units in:

Investigating Archaeology	Contemporary Gaelic Music and Song
Contemporary Gaelic Language and Culture	Music: Songwriting
Ethnic Dance	Scottish Dance
Communication 4	Creative Writing
Family History and Genealogy	

Newbattle offers a unique experience to students:

- It is one of the few places in the UK where you can enjoy residential learning.
- Our courses are tailored for adults with few or no qualifications.
- It is a transformative learning experience.
- We offer high quality support and extensive preparation for higher education.



NATIONAL CERTIFICATE (NC) IN CELTIC STUDIES

SCQF Level 6

This course is planned to commence in September 2014. It is designed for students who wish to develop knowledge and skills in Celtic culture, Celtic history and heritage, Gaelic language, the politics of the Celtic nations and traditional music and dance.

Course Content

Celtic Studies: An Introduction	History of the Celts in Scotland
Storytelling in the Celtic Tradition	Politics in the Celtic Nations
Heritage Industry in Scotland	Literature
Contemporary Gaelic Language and Culture	
Gaelic: Speaking and Writing for New Learners	
Gàidhlig: Speaking and Writing for Fluent Learners	

The NC Celtic Studies is likely to include optional units in:

Archaeology	Contemporary Gaelic Music and Song
Contemporary Gaelic Language and Culture	Music: Songwriting
Ethnic Dance	Scottish Dance
Communication 4	Creative Writing
Family History and Genealogy	

Entry Requirements

The course is open to all candidates but is aimed particularly at school leavers and mature applicants. Candidates should ideally have 3 Nationals at level 5, one of which should be English. Work experience or volunteering in the creative and culture industries will be considered for mature students.

An Comunn Gàidhealach

An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Taigh a' Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD

Fòn: 01851 703 487

Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR

Fòn: 01463 709 705.

Post-d: rena@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Stornoway Office

Leverhulme House
Perceval Square
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2DD

Telephone: 01851 703 487

Email: peigi@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR

Telephone: 01463 709 705.

Email: rena@ancomunn.co.uk

Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn!

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch!

marina@ancomunn.co.uk

01851 703 487

www.ancomunn.co.uk

